


Cuairt-Litir Comann nam Pàrant

Comann nam Pàrant Newsletter

Clàr-Innse / Contents

- Goireas ùr – Gàidhlig a-staigh / New Resource
- Feumalachdan a bharrachd ann am FtG / Additional Support Needs in GME
- Na Tràth-Bhliadhnaichean / Early Years
- Bile nan Cànan Albannach / Scottish Language's Bill
- Seachdain Dhùn Èideann / Gaelic Schools Week
- Teachdaire Gàidhlig – Pàrlamaid na h-Alba / Newsletter from Scottish Parliament
- Cuach na Cloinne



Comann nam Pàrant

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Gaelic Medium Education in Scotland

Comann nam Pàrant

5 Caolshraid Mhicheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: innes@cnag.org
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: innes@cnag.org

www.parant.org.uk
www.neadan.scot



Gàidhlig a-staigh - New resource from Comann nam Pàrant!

Tha sinn air leth toilichte a bhith a' bogadh a' ghoireis ùir againn 'Gàidhlig a-staigh' a chaidh a chruthachadh leis an Oifigear Leasachaidh Teaghlaich againn, Lewis. Bidh an goireas seo na chuideachadh luachmhor do theaghlaichean a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh. Tha seo ri fhaighinn air www.neadan.scot mar PDF no leabhar-D a ghabhas luchdachadh a-nuas, agus bidh e ri fhaighinn cuideachd mar lethbhreac cruaidh anns na mìosan ri tighinn.

Tha 'Gàidhlig a-staigh' na leabhar-abairtean a tha air a dhealbhadh gus teaghlaichean a chuideachadh le bhith a' fighe a-steach na Gàidhlig do bheatha làitheil na dachaigh aca.. Tha e a' toirt seachad abairtean, briathrachas agus mìneachaidhean gràmair feumail gus taic a thoirt do phàrantan agus luchd-cùraim a tha airson 's gum bi a' Ghàidhlig na prìomh chànan no na cànan cudromach san dachaigh aca, ge b' e cho fileanta 's a tha iad aig an àm seo.

Tha an leabhar-abairtean air a dhèanamh suas de dhiofar earrannan a' coimhead air diofar shuidheachaidhean dachaigheil leithid a bhith ag ullachadh a' bhùird airson na dinneir no ag ullachadh airson na leapa. Tha e a' gabhail a-steach taic le fuaimneachadh tro cheanglaichean ri faidhlichean claisneachd agus goireasan eile an seo air Neadan a ghabhas clò-bhualadh.

We are very excited to launch our brand new resource 'Gàidhlig a-staigh' which has been created by our Family Development Officer, Lewis. This significant piece of work will be an invaluable aid for families using Gaelic in the home. Currently available through www.neadan.scot as a downloadable PDF or E-Book, it will be also be available as a physical copy in the coming months.

'Gàidhlig a-staigh' is a phrasebook designed to help families integrate Scottish Gaelic into their daily home life. It provides useful expressions, vocabulary, and grammatical explanations to support parents and caregivers who want to make Gaelic a primary or significant language in their household, regardless of their current fluency level.

The phrasebook is organised into different sections covering different domestic scenarios such as getting the table ready for dinner or getting ready for bed. It also includes pronunciation support via hyperlinks to audio files and additional printable resources here on Neadan.



Gàidhlig a-staigh

an sinc

dat. an t-sinc

gen. an t-sinc




the sink

an seòmair-cadail

dat. an t-seòmair-cadail

gen. an t-seòmair-cadail



the bedroom


A' moladh na cloinne Praising children

Gàidhlig

Beurla

Tha sin math!	That's good!
Tha sin uabhasach math!	That's very good!
Tha sin math gu leòr.	That's good enough.
Math dha-rìribh!	Excellent!
Glè mhath!	Very good/alright!
Tha sin nas fheàrr.	That's better.
Tha sin tòrr nas fheàrr!	That's a lot better!
Sin e.	That's it.
Sin agad e.	There you have it.
Rinn thu e!	You did it!
Rinn thu a' chùis/an gnothach!	You managed!
Tha e deiseil.	It's ready/finished.

10



A-steach dhan tuba/a' bhath leat!	Into the bath with you!
An nigh mamaidh d' fhalt?	Will mummy wash your hair?
A bheil thu a' dèanamh splis splais?	Are you making a splish splash?
A bheil thu a' plubadaich?	Are you splashing about?
An cuir sinn an tunnag dhan a' bhùrn/dhan uisge?	Will we put the duck in the water?
O seall na suaillichean/na tuinn a tha thu a' dèanamh!	Oh look at the waves you're making!
Obh obh! An deach sin na do shùilean, a ghràidh?	Oh dear! Did it go in your eyes, love?
Ud! Na bi 'g òl a' bhùrn/an uisg'!	Uh-uh! Don't drink the water!
Sin thu deiseil a-nis!	That's you finished now!
A-mach às an tuba/a' bhath leat!	Out of the bath with you!
Trohad an seo gun tiormaich mi thu.	Come here till I dry you off.
Tha thu tioram a-nis!	You're dry now!

22

Additional Support Needs (ASN) in GME

Feumalachdan Taic a Bharrachd (FTB) ann am FtG

Tha buidheann FTB ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' ruith ann an Glaschu a-nis, a chaidh a stèidheachadh le Emma Bolger, ann an co-obrachadh le Kathryn Farrow, Oifigear Leasachaidh Càileachd airson Com-pàirteachasan Phàrantan aig Seirbheisean Foghlaim Comhairle Baile Ghlaschu. Tha a' bhuidheann fosgailte do chloinn agus dhan a h-uile pàrant/neach-cùraim/bràthair/piuthar aig clann aois bho aois 0 gu clas a 7 sa bhun-sgoil a tha a' dol no a tha an dùil a dhol gu FtG no solar tràth-bhladhnaichean tron Ghàidhlig.

Bidh a' bhuidheann a' cumail thachartasan coinneachaidh far am faod pàrantan/luchd-cùraim anns an aon seòrsa suidheachadh bruidhinn ri chèile agus fiosrachadh fhaighinn, fhad 's a bhios a' chlann a' cluich ann an àrainneachd shàbhailte, in-ghabhalach. Tha luchd-obrach cluiche Glaschu Beò air a bhith an làthair aig na seiseanan gus taic a chumail ris a' chloinn, a' ciallachadh gum faigh na pàrantan beagan ùine shaor. Chan fheum dearbhadh oifigeil air FTB a bhith aca airson a dhol do na coinneamhan, agus thathar a' brosnachadh pheathraichean is bràithrean a thighinn còmhla riutha cuideachd. Bidh comasaichean aig a bheil Gàidhlig agus Bookbug Gàidhlig an làthair agus tha goireasan eile rim faighinn gus taic a thoirt do theaghlach ann am FtG aig a bheil clann le FTB. Thèid fiosrachadh mu thachartasan a sgaoileadh tro sgoiltean agus meadhanan sòisealta co-cheangailte ri FtG.

Bidh mòran dhaoine a' frithealadh na buidhne, air a bheil cruaidh fheum, agus fhuair e deagh fhios air ais bho luchd-frithealaidh. Ma tha thu a' beachdachadh air buidheann coltach ri seo a stèidheachadh san sgìre agad fhèin, gus cosgaisean a chumail ìosal agus gus am bi deagh obair com-pàirteachaidh ann, bidh a' bhuidheann seo a' cleachdadh goireasan na comhairle a tha rim faighinn an-asgaidh do bhuidhnean FTB far a bheil sin comasach. Gus an gabh na coinneamhan a ghluasad timcheall air a' bhaile agus gus am bi e comasach dhaibh biadh is deoch a thabhann do luchd-frithealaidh, tha a' bhuidheann cuideachd a' cur a-steach iarrtasan maoinachaidh. Mar eisimpleir, chùm sin an tachartas mu dheireadh rè Seachdain na Gàidhlig 2025 le taic bhuapa.

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu Emma Bolger air - dremmabolger@gmail.com

An ASN in GME group is now running in Glasgow, which has been set up by, Emma Bolger, in collaboration with Kathryn Farrow, Quality Improvement Officer for Parent Partnerships within Glasgow City Council Education Services. The group is open to children and all parents/carers/children/siblings of children aged 0-P7 who currently attend or are planning to attend GME or Gaelic Early Years provision.

The group runs meet up events where like-experienced parents/carers can have a chat and access information, while the children play in a safe, inclusive environment. Glasgow Life playworkers have attended the sessions to support the children, meaning parents are able take time out. A child does not need a formal identification of an ASN to attend any the meet ups, and siblings are encouraged to come along too. Gaelic-speaking facilitators and Gaelic Bookbug attend and there are other resources available to help support families in GME whose children have ASN. Details of events are distributed via schools and GME social media.

The group is well attended, much needed and has received great feedback from attendees. If you are thinking you might like to set up a similar group in your area, to keep costs down and evidence good partnership working, the group uses council facilities that are available free of charge to ASN groups where possible. To ensure the meet up locations move around the city and to be able to offer refreshments and snacks to attendees, the group also applies for funding. For example, we held our most recent event during and with the support of Seachdain na Gàidhlig 2025.

For further information please contact Emma Bolger on - dremmabolger@gmail.com

ADDITIONAL SUPPORT NEEDS IN GAELIC MEDIUM EDUCATION (GME)

SEACHDAIN NA GÀIDHLIG WORLD GAELIC WEEK MEET-UP

Saturday 1st March 2025
1pm-3pm

Cranhill Community Centre
(Cranhill Beacon)
Bell Rock Street, Glasgow, G33 3HE

Free parking is available in the
community centre car park and on-
street nearby.

Event led by the Foghlam-G partnership:
Glasgow City Council Education Services /
Govan Gaelic Primary School Parent Council

Event Information

An event where like-experienced
adults can make connections and
the children can play in a safe,
inclusive and friendly environment.

Soft play and other activities will
be available, but please remember
you are responsible for your
child/children at all times.

Thanks to our external funders,
refreshments will be provided at
this meet-up.

We will be joined by Gaelic-
speaking facilitators, and will have
resources available to support
families relating to ASN and GME.

Your child does not need a
formal diagnosis to attend our
meet-ups.

For the whole family

Our meet-ups are open to all
Parents/Carers/Children/Siblings
of children aged 0-P7 who
currently attend or are planning to
attend GME or Gaelic Early Years
provision.



Air a mheasachadh le Seachdain na
Gàidhlig tro Mheadhan nan Tabhartas
Bèig, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig //
Funded by Seachdain na Gàidhlig's
Small Grants Fund with support from
Bòrd na Gàidhlig

Na Tràth-Bhliadhnaichean

Aig toiseach na bliadhna bha sinn brònach soraidh slàn a leigeil le June, tè de na h-oifigearan againn anns na h-Eileanan Siar, nuair a dh'fhàg i na h-eileanan. Bha June na ball luachmhor den sgioba againn agus bha i fìor chudromach ann a bhith ag ath-thòiseachadh Thig a Chluich gu soirbheachail às dèidh Covid. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas do June agus i a' tilleadh gu beatha air tìr-mòr a-rithist.

Tha sinn toilichte fàilte a chur air Cairistiona chun na sgioba againn mar aon de na h-oifigearan againn anns na h-Eileanan Siar agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri mar a thèid a bliadhnaichean de dh'èolas de dh'obair leis na tràth-bhliadhnaichean anns na h-eileanan a chur ris an sgioba againn.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri turas sgioba Play Talk Read do na h-eileanan a-rithist an ath-mhios, nuair a bhios sinn ag obair còmhla riutha a-rithist gus beagan Gàidhlig a thoirt a-steach do na seiseanan aca.

Thòisich sinn buidhean Pàrant is Pàiste ùr ann an Cille Bhrìghde an Ear. Chuir ceannard sgoil Beinn Chamshroin fios thugainn aig deireadh na bliadhna an-uiridh, ag ràdh gum faodamaid fear de na seòmraichean san sgoil a chleachdadh airson buidheann phàrant is pàiste. Thuirt a' bhuidheann Pàrant is Pàiste a th' ann mar-thà, a bhios a' coinneachadh madainn Dihaoine ann an àite eadar-dhealaichte, gum bu toil leotha fuireach far an bheil iad agus mar sin rinn sinn an co-dhùnadh buidheann ùr a thòiseachadh air latha eadar-dhealaichte. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh feasgar Diardaoin rè na teirm, bho 1:15 gu 2:45f ann am Bun-sgoil Beinn Chamshroin. Bha sinn toilichte fàilte a chur air tòrr theaghlaichean ùra.

Tha Kirsteen air seisean Bookbug mìosail ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba an Dùn Èideann a chur ris an sgeideal Bookbug aice. Tha luchd-obrach an leabharlann air a bhith fìor thaiceil agus tha na h-àireamhan sna seiseanan air a bhith àrd leis a' mhòr-chuid aca air ùr-thighinn dhan Ghàidhlig.

Aig tòiseach a' Mhàirt, libhrig Kirsteen an trèanadh againn air Òrain is Sgeulachdan do Thràth-bhliadhnaichean ann an Glaschu. Bha 10 an làthair le aon a' tighinn bho Ullapul gus pàirt a ghabhail pàirt ann. Bha sinn toilichte fàilte a chur air Rosemary Ward, Stiùiriche Prògraim aig Urras Leabhraichean na h-Alba dhan t-seisean trèanaidh. Bhruidhinn Rosemary ris a h-uile duine a bh' ann mu na buannachdan a tha an lùib Trèanadh Bookbug (a tha fhathast ri fhaighinn sa Bheurla a-mhàin), agus mu na Leabhraichean Bookbug. Bha còmhraidh math againn eadar Rosemary agus an fheadhainn a bha an làthair, agus mhol cuid aca barrachd trèanaidh stèidhichte gu sònraichte air na leabhraichean ùra aig Bookbug, agus dh'aontaich sinn le Rosemary gum b' urrainn dhuinn co-obrachadh air seo.

Chaidh seisean trèanaidh ann an Òrain is Sgeulachdan a chumail sa Chèitean ann an Dùn Èideann, agus bha a' mhòr-chuid de na daoine a bha an làthair air tighinn bho sgoiltean-àraich Beurla aig a bheil ùidh ann a bhith a' tòiseachadh air beagan Gàidhlig a theagasg do chloinn sna suidheachaidhean aca tro òrain. Bha tòrr ùidh aig sgoiltean-àraich Beurla eile ann an Dùn Èideann, agus obraichidh sinn còmhla ri Sorcha, Oifigear Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnaichean aig Comhairle Dhùn Èideann, gus fios a chur chun an luchd-obrach seo agus gus seisean trèanaidh eile a chur air dòigh aig deireadh an fhoghair. Taing do Bhòrd na Gàidhlig airson an taic leis na seiseanan trèanaidh seo, gu sònraichte le bhith a' cur nan ionadan air dòigh agus le rianachd nan seiseanan.

Tha sinn cuideachd ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus seisean fiosrachaidh a libhrigeadh anns na Pùballan do theaghlaichean aig a bheil ùidh ann am FtG anns na Crìochan. Tha sinn an dùil seisean buail-a-staigh a chumail air Disathairne 14 Ògmhios eadar 10:00 agus 12:00 ann an Talla na Scout anns na Pùballan. Faodaidh teaghlaichean an cuid chloinne a thoirt leotha oir bidh ceàrdan agus gnìomhachdan ann dhan chloinn, agus faodaidh na pàrantan ceistean a chur air oifigearan Comunn nam Pàrant agus Bòrd na Gàidhlig fhad 's a bhios iad a' cluich.



Early Years

At the start of the year we were sad to say goodbye to June, one of our officers in the Western Isles, as she moved away from the islands. June was a valued member of our team and played an important part in getting Thig a Chluich back up and running so successfully again post-Covid. We wish June all the best as she returns to life on the mainland again.

We are pleased to welcome Christine to our team as one of our Western Isles officers and look forward to her bringing her years of experience working in the early years in the islands to our team.

We are looking forward to the Play Talk Read team visiting the islands again next month, when we will be working with them again to add some Gaelic to their sessions.

At the beginning of March we started up a new Pàrant is Pàiste group in East Kilbride. We had been contacted by the headteacher at Mount Cameron at the end of last year, to offer us the use of one of the rooms in the school for a parent and toddler group. The existing Pàrant is Pàiste group who meet on a Friday morning in a different location said that they would like to remain where they were and so we made the decision to start a new group on a different day. The group meets on Thursday afternoons during term time, from 1:15 to 2:45 in Mount Cameron Primary School. We've been delighted to welcome lots of new families along already.

Kirsteen has added a monthly Bookbug session at the National Library in Edinburgh to her Bookbug schedule. The staff at the library have been very supportive and numbers at the sessions have been very high, with the majority of them new to Gaelic.

At the beginning of March Kirsteen delivered our Early Years Song and Story Session training in Glasgow. We had 10 attendees, with one travelling as far as from Ullapool to take part. We were pleased to welcome Rosemary Ward, Director of Programme at the Scottish Book Trust, along to the training session. Rosemary spoke to everyone there about the benefits of the Bookbug Training (still only available in English), and about the Bookbug Books. We had some good discussion between Rosemary and the attendees, and some of the attendees suggested some more training based specifically on the new Bookbug books, which we agreed with Rosemary that we could work on together.

Another Song and Story Session training took place in May in Edinburgh, with the majority of the attendees coming from mainstream nurseries who have an interest in starting to teach some Gaelic to the children in their settings through Gaelic song. We have a lot of interest from other mainstream nurseries in Edinburgh, and will work with Sorcha, City of Edinburgh's Early Years Gaelic Officer to reach these staff and organise another training session in the late autumn. Thanks to Bòrd na Gàidhlig for their support with these training sessions, particularly with booking the venues and the admin of the sessions.

We are also working with Bòrd na Gàidhlig to deliver an information session in Peebles for families interested in GME in the Borders. We plan to run a drop in session on Saturday 14th June between 10:00 and 12:00 in the Peebles Scout Hall. Families can bring their children along as we will have crafts and activities for the children, while parents can ask questions to officers from Comann nam Pàrant and Bòrd na Gàidhlig.

Bile nan Cànan Albannach Scottish Language's Bill

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta) air leth toilichte gun deach Bile nan Cànan Albannach aontachadh sa Phàrlamaid an t-seachdain seo. Tha ceumannan sa Bhile a bhios a' neartachadh solar foghlam Gàidhlig agus a bhios taiceil do phàrantan. Tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le com-pàirtichean gus na ceumannan sin a chur an sàs.

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) are delighted that the Scottish Languages Bill was passed in the Scottish Parliament this week. There are many measures in the Bill which will strengthen Gaelic education and support parents. We now look forward to engaging with partners in the implementation of these measures.

Gaelic Schools Week in Edinburgh

Tron t-seachdain a' tòiseachadh 28mh Giblean 2025, chùm Comann nam Pàrant an tachartas bliadhna aca, Seachdain Dhùn Èideann. Seo cothrom a tha air a thabhann do sgoilearan bhun-sgoiltean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am BS4-7 a bhith a' dol gu gnìomhan tro mheadhan na Gàidhlig ann an diofar ionadan luchd-turais ann an Dùn Èideann. Am-bliadhna chùm sinn seiseanan ann an Dynamic Earth, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, na Gàrraidhean Luibh-eòlais Rìoghail, Caisteal Dhùn Èideann agus Lùchairt Thaigh an Ròid.

Aig Our Dynamic Earth, chùm Shona Chaimbeul bùth-obrach eadar-obrachail mu mhòr-thubaistean nàdarra agus bha cothrom aig na sgoilearan an uair sin a dhol timcheall air an taisbeanadh inntinneach ann an Dynamic Earth. Chùm Kirsteen Mhoireach tursan ann an Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a' sealltainn cuid de na rudan inntinneach sa chruinneachadh. Am-bliadhna, rinn sinn deuchainn air fònaichean-cluaise gus an turas a libhrigeadh agus dh'obraich sin gu math agus rinn sinn cinnteach gun robh an cànan na phrìomhachas san taigh-tasgaidh thrang. Chùm Ciorstaidh NicConaill bùth-obrach aig Gàrradh Luibh-eòlais Rìoghail Dhùn Èideann a' coimhead air lusan a lorgar sa choille-uisge a' gabhail a-steach a bhith a' dol a-mach do na gàrraidhean agus a' coimhead air cuid de na lusan seo. Rinn Robbie MacLeòid agus Catrìona NicIlleMhoire turas timcheall air caisteal Dhùn Èideann, a' gabhail a-steach a bhith a' dol timcheall a' chaisteil gu lèir is a bhith a' dol a-steach do na seann phrìosan. Chùm Megan Dale bùth-obrach spòrsail a bha a' gabhail a-steach turas timcheall Lùchairt Thaigh an Ròid le fòcas air eachdraidh Màiri Banrigh na h-Alba. Chaidh na tursan uile a chumail tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus cha bhiodh seo air a bhith comasach às aonais taic bho luchd-obrach aig a h-uile ionad turasachd.

Am-bliadhna ghabh 15 sgoiltean eadar-dhealaichte agus còrr is 400 sgoilear bho air feadh na dùthcha pàirt san t-seachdain. Bha e fìor mhath fàilte a chur air na trì sgoiltean làn-Ghàidhlig ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd; Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, agus airson a' chiad turas Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Tha e gu math brosnachail gu bheil an uiread de sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig ann a tha a' tilleadh bliadhna às dèidh bliadhna, agus tha sinn gu math mothachail air an obair mhòr a tha an lùib seo do sgoiltean, gu h-àraidh dhaibhsan a tha a' fuireach ann an Dùn Èideann airson 2 no 3 oidhcheannan. Mòran taing do luchd-obrach nam sgoiltean agus do phàrantan a tha a' toirt a' chothruim seo do na sgoilearan. Chuir sinn cèilidh air dòigh aig Àrainn Darroch le sgoilearan à Bun-sgoil Achadh na Creige, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abair agus Bun-sgoil Taobh na Pàirce an làthair.

During week commencing 28 April 2025, Comann nam Pàrant held their annual event, Seachdain Dhùn Èideann / Edinburgh Gaelic Week. This is an opportunity offered to all Gaelic Medium Primary Schools for P4-7 pupils to attend activities through the medium of Gaelic at different attractions within Edinburgh. This year we held sessions at Dynamic Earth, the National Museum of Scotland, the Royal Botanic Gardens, Edinburgh Castle and the Palace of Holyroodhouse.

At Our Dynamic Earth, Shona Campbell ran an interactive workshop about natural disasters and the pupils then had the opportunity to tour the fascinating exhibition at Dynamic Earth. At the National Museum of Scotland, Kirsteen Murray led tours at the museum highlighting exciting features of the museum. This year, we trialled using headsets to deliver the tour which worked very well and ensured the language was a priority in the busy setting of the museum. At the Royal Botanic Gardens, Kirsty McConnell ran a workshop looking at plants found within the rainforest, which included going out to the gardens and looking at some of these plants. At Edinburgh Castle, Robbie MacLeod & Catriona Morrison conducted a tour of the castle which included going round the whole castle and into the old prisons. At Palace of Holyroodhouse, Megan Dale led an engaging workshop which included a tour of the palace focusing on the history of Mary Queen of Scots. All these tours were conducted entirely through the medium of Gaelic and would not have been possible without the collaboration of staff at the different attractions.

This year 15 different schools and over 400 pupils from across the country attended during the week. It was great to welcome pupils from all three standalone Gaelic schools in Highland Council; Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Ghàidhlig Port Rìgh, and a first visit for Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. It is very encouraging to see the number of Gaelic Medium provisions that return year after year, and we are very aware of the large undertaking this is for schools, especially for those who are staying in Edinburgh for 2 or 3 nights. Many thanks to school staff and parents who make this opportunity possible for the pupils. On Wednesday night we organised a cèilidh at the Darroch Campus with pupils from Bun Sgoil Achadh na Creige, Bun Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, Bun Sgoil Ghàidhlig Loch Abar and Bun Sgoil Taobh na Pàirce attending.

Dealbhan Seachdain Dhùn Èideann



Teachdaire Gàidhlig - Cuairt-Litir Ùr bho Phàrlamaid na h-Alba

Teachdaire Gàidhlig - New newsletter from the Scottish Parliament

Tha Pàrlamaid na h-Alba air cuairt-litir Ghàidhlig a thòiseachadh – an Teachdaire Gàidhlig, a thig a-mach gach co-latha-deug. Tha seo ag amas an dà chuid air daoine a tha fileanta agus daoine a tha ag ionnsachadh – no aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig. Tha measgachadh de shusbaint sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Sa Ghàidhlig, gheibhear fiosrachadh air gnothaichean is naidheachdan na Pàrlamaid agus cothroman com-pàirteachaidh. Sa Bheurla tha fiosrachadh mothachaidh Gàidhlig ann mun chànan agus an cultar co-cheangailte le blas pàrlamaideach.

Chithear [eisimpleir den chuairt-litir an seo](#) agus seo [am foirm fo-sgrìobhaidh](#).

The Scottish Parliament has begun a fortnightly Gaelic newsletter – An Teachdaire Gaidhlig. This aims both at fluent speakers and also at learners and those with an interest in the language. There is a mixture of Gaelic and English content. In Gaelic, you'll find the latest parliamentary business, news and engagement opportunities. In English, we carry Gaelic awareness material about the language and its culture with a parliamentary link.

You can see [an example of the newsletter here](#) and subscribe on our [foirm fo-sgrìobhaidh](#).

Gnothaichean Pàrlamaideach / Parliamentary Business



Tòisichidh gnothaichean an t-Seòmair le Àm Cnuasachadh **Dimàirt aig 2f** agus bi e a' gabhail a-steach Ceistean a' Phrìomh Mhinistear (le eadar-mhìneachadh Cànan Soidhnidh Bhreatainn - BSL) **aig 12 meadhan-latha Diardaoin**. Tha gnothaichean na seachdain seo cuideachd a' gabhail a-steach:

Dimàirt 10 Ògmhios 2025

- Bile Ath-leasachaidh a' Chùraim (Alba) (Gnothaichean Ìre 3)

Diciadain 11 Ògmhios 2025

- Cùram agus Planadh (deasbadan Pàrtaidh Làbarach na h-Alba)

Diardaoin 12 Ògmhios 2025

- Staitistig airson Eimiseanan Gasaichean Taigh-glainne 2023 (Aithris mhinistireil)
- Siostam In-ìmrich a tha ag obair do dh'Alba (Deasbad Riaghaltas na h-Alba)

Thèid fiosrachadh fhollaiseach anns an [Iris Ghnothaichean](#).

Bidh Gnothaichean Comataidh a' tachairt Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin.

Thoir fa-near gum faod gnothach sam bith atharrachadh gun mòran rabhaidh.

Faodar coinneamhan fhacinn beò air [SPTV](#). Nochdaidh tar-sgrìobhadh de na chaidh a ràdh san [Aithisg Oifigeil](#) agus gheibhear na bhidiothan ann an [tasglann SPTV](#).

[Leugh an Aithisg Oifigeil / Read the Official Report](#)

[Coimhead air SPTV / Watch SPTV](#)

Aithisg Bhliadhnail Chomann nam Pàrant

Comann nam Pàrant Annual Report

Tha aithisg bhliadhnail Chomann nam Pàrant 2024 – 2025 a-nis ri fhaighinn air loidhne. Gheibhear an seo e – [Aithisg Bhliadhnail 24/25](#)

Comann nam Pàrant Annual Report 2024 – 2025 is now available online. You will get it here – [Annual Report 24/25](#)

Aithisg Bhliadhnail Annual Report 2024 – 2025

Comann nam Pàrant (Nàiseanta)





Comann nam Pàrant

5 Caolshraid Mhicheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: innes@cnag.org
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: innes@cnag.org

www.parant.org.uk
www.neadan.scot



Cuach na Cloinne 2025

'S iad Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis a choisinn tiotal Cuach na Cloinne 2025, a' toirt a' chupa air ais a dh'Inbhir Nis! Às dèidh iomadh geama teann eadar na 6 sgiobaidhean mìorbhaileach, rinn Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis a' gnothach air Sgoil an Rubha, 3-1, leis an geama mu dheireadh a' dol gu ùine a bharrachd sa' chuairt deireannach ann an Inbhir Nis air Diciadain 4^{mh} den t-Ògmhios.

'S e co-fharpais ball-coise nàiseanta, 5 air gach taobh, a th' ann an Cuach na Cloinne. Ghabh òigridh bho air feadh na dùthcha ann an C4-7, aig a' bheil Gàidhlig, pàirt ann. Chaidh 6 farpaisean roinneil a chumail air feadh na dùthcha, tron a' Ghiblean 's a' Chèitean, ann an Steòrnabhagh, Lionacleit, An Gearasdan, Port Rìgh, Inbhir Nis, agus Glaschu, le na 6 sgiobaidhean soirbheachail sna farpaisean roinneil a' gabhail àite sa chuairt deireannach.

'S e na 6 sgiobaidhean a chluich aig a' chuairt-deireannach:

- Sgoil an Rubha
- Sgoil Bhaile a' Mhanaich
- Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar
- Bun-sgoil an Ath Leathainn
- Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
- Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn

Chaidh Cupa Cuach na Cloinne a thoirt do Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis le Marina Mhoireach, Stiùiriche Leasachaidh Chomunn na Gàidhlig (CnaG).

Chaidh duais Sàr Cluicheadair na Gàidhlig gu Ben Chaimbeul bho Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn. 'S ann airson an neach, ann am beachd na rèitirean, a tha a' cleachdadh na Gàidhlig aig an ìre as àirde tron fharpais a tha an duais seo.

Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis were victors in winning Cuach na Cloinne 2025, taking the trophy home to Inverness. After many tense matches between the 6 talented teams, in both football and Gaelic, Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis beat Sgoil an Rubha, 3-1, after the final game went into extra time in the National Final in Inverness on Wednesday 4th June.

Cuach na Cloinne is a national 5-a-side football competition aimed at young people in Gaelic Medium Education, in primary 4-7 all over the country. The 6 regional competitions were held, during April and May, in Stornoway, Lionacleit, Fort William, Portree, Inverness, and Glasgow, with the successful team from each regional competition earning their place in the national final.

The 6 teams that participated in the final are:

- Sgoil an Rubha
- Balivanich Primary School
- Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar
- Broadford Primary School
- Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
- Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn

The Cuach na Cloinne trophy was awarded by Marina Murray, Development Director at Comunn na Gàidhlig (CnaG).

The Sàr Cluicheadair na Gàidhlig award went to Ben Campbell from Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn. This award is given to the player that was outstanding in his use of Gaelic during the competition and chosen by the referees.

